

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/17/21

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

**Comataidh:** Comataidh na Gàidhlig

**Ceann-latha:** 16 Sultain 2021

**Tìotal Aithisge:** Pròiseact Caisteal Inbhir Nis

**Aithisg le:** Àrd-Oifigear Gnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo fios às ùr a thoirt do Bhuill mu phlanaichean gus Caisteal Inbhir Nis a leasachadh gu bhith na shàr ionad-tadhail le cliù fad' is farsaing, a bhios na phrìomh àite-tadhail do luchd-turais, a tharraingeas luchd-tadhail dhan Ghàidhealtachd agus a tha cuideachd a' toirt goireas àrd-inbhe do mhuinntir na sgìre fhèin.
- 1.2 Bidh an aithisg cuideachd ag innse mu phlanaichean gus cànan is cultar na Gàidhlig a chomharrachadh tro dhealbhadh an ionaid ùir air fad.

### 2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air an aithisg.

### 3. Buaidhean

- 3.1 Goireas, Laghail – 'S e pròiseact le Comhairle na Gàidhealtachd a th' ann an leasachadh Caisteal Inbhir Nis, air a stiùireadh le High Life na Gàidhealtachd (HLH) às leth na Comhairle. Tha Comhairle na Gàidhealtachd air ceann a' phròiseict mar phàirt de Chùmhnant Baile-Roinne Inbhir Nis agus na Gàidhealtachd (CBR) agus 's e aon de 15 pròiseactan a tha air am maoineachadh tron Chùmhnant. Tha HLH a' stiùireadh a' phròiseict mar phàirt dhen Chùmhnant Lìbhrigeadh Seirbheis leis a' Chomhairle.
- 3.2 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Bidh a' chomharrachadh is ag eadar-mhìneachadh 'Spiorad na Gàidhealtachd' ann an 100 Sgeulachd na phrìomh chuspair, a' brosnachadh dhaoine gus tadhal air àiteachan eile air feadh na Gàidhealtachd.

- 3.3 Gàidhlig – Ann a bhith a’ libhrigeadh a’ phròiseict, obraichidh HLH taobh a-staigh phrionnsapalan Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PnG3), gu h-àraid ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd spèise eadar a’ Ghàidhlig agus a’ Bheurla. Tha Sgioba Pròiseact Caisteal Inbhir Nis air gabhail ri prionnsapalan PnG3, a’ toirt taic do na h-amasan a thaobh a bhith a’ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig is àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a’ sior neartachadh ìomhaigh na Gàidhlig is a’ brosnachadh deagh ìomhaigh a thaobh cànan is cultar na Gàidhlig.
- 3.4 Cunnart, Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – chan eil buaidhean sam bith ann.

#### **4. Cùl-fhiosrachadh**

- 4.1 'S e togalach clàraichte ìomhaigheach Ìre A le brìgh nàiseanta is eadar-nàiseanta, suidhichte ann am meadhan Inbhir Nis, air Cnoc a’ Chaisteil os cionn bruaichean Abhainn Nis, a th’ ann an Caisteal Inbhir Nis. Bha e air a chleachdadh le Seirbheis Chùirtean is Thriùnal na h-Alba agus le Comhairle na Gàidhealtachd mar chùirt is mar oifisean gu Màrt 2020. Nuair a cho-dhùin Seirbheis Chùirtean is Thriùnal na h-Alba gluasad bhon Chaisteal, thug seo cothrom seachad goireas turasachd brìoghmhor a chruthachadh a bhiodh na phrìomh àite-tadhail turasachd dhan Ghàidhealtachd agus a tharraingeadh luchd-tadhail dhan sgìre.
- 4.2 'S e pròiseact le Comhairle na Gàidhealtachd a th’ ann an leasachadh Caisteal Inbhir Nis, air a stiùireadh le High Life na Gàidhealtachd (HLH) às leth na Comhairle. Tha Comhairle na Gàidhealtachd air ceann a’ phròiseict mar phàirt de Chùmhnant Baile-Roinne Inbhir Nis agus na Gàidhealtachd (CBR) agus 's e aon de 15 pròiseactan a thathar a’ maoinachadh tron Chùmhnant. Tha HLH a’ stiùireadh a’ phròiseict mar phàirt dhen Chùmhnant Libhrigeadh Seirbheis leis a’ Chomhairle.
- 4.3 Chaidh LDN Architects a chur an dreuchd mar ailtirean pròiseict sa Ghiblean 2019 agus tha iad air an dealbhachadh a leasachadh airson ceum 1 gu ceum 4 RIBA. Thathar an dùil gum bi am pròiseact air a chrìochnachadh ann an 2024. Tha ìomhaighean neach-ealain dhen leasachadh ùr air an taisbeanadh ann an **EÀRR-RÀDH 1**.
- 4.4 Chaidh Creative Services Scotland a chur an dreuchd air a’ phròiseact sa Ghiblean 2019 airson stiùir a thoirt seachad a thaobh a bhith a’ leasachadh susbaint chruthachail airson an ionaid ùr. Ann a bhith a’ coileanadh lèirsinn a’ phròiseict bidh an t-ionad ùr a’ taisbeanadh ‘Spiorad na Gàidhealtachd’ ann an 100 sgeulachd. Thèid beachdachadh air sgeulachdan a chaidh a chruinneachadh bho air feadh na sgìre is thèid taghadh a dhèanamh air na sgeulachdan as fheàrr a ghlacas mac-meanmna luchd-tadhail is a bhrosnaicheas iad gus tadhal air gach pàirt dhen Ghàidhealtachd.
- 4.5 Chaidh Mather & Co a chur an dreuchd mar luchd-dealbhadh a’ phròiseict san Iuchar 2021. Le 25 bliadhna de eòlas ann a bhith a’ cruthachadh sàr ionadan tarraingeach air feadh an t-saoghail, tha obair Mather & Co a’ cleachdadh dhòighean ùra is innleachdach gus sgeulachdan innse, ceangal a thogail le luchd-tadhail agus luchd-amhairc ùra a tharraing.

Tha iad a’ toirt cruthachas, eòlas is innleachdas an lùib cruth-atharrachadh Caisteal Inbhir Nis agus leasachadh pròiseact ‘Spiorad na Gàidhealtachd.’ Bidh an dòigh-obrach aca a’ meòrachadh air gach taobh de thuras an neach-tadhail, a’ gabhail a-steach gach rud a chì daoine is gach rud leis an eadar-obrach iad ro, rè agus às dèidh

an tadhail aca, airson dèanamh cinnteach gu bheil turas air leth aca chun a' chaisteil agus iad a' coimhead air adhart ri tilleadh.

## **5. Amasan Pròiseict**

### **5.1 'S e lèirsinn a' phròiseict:**

'Ri linn Seirbheis Chùirtean is Thribiunalan na h-Alba a bhith a' gluasad bho Chaisteal Inbhir Nis, an cothrom a ghabhail ionad seasmhach, ion-obrachail is tarraingeach a chruthachadh a tha a' comharrachadh Spiorad na Gàidhealtachd ann an dòigh innleachdach: a cruthachas, a cultar, a dualchas is a cruth-tìre. Bidh an t-ionad a' tarraing luchd-tadhail ùra is leantainneach dhan sgìre, bidh muinntir na Gàidhealtachd fhèin moiteil às agus broснаichidh e gach neach a dhol a thadhal air pàirtean eile dhen Ghàidhealtachd.'

5.2 Tarraingidh an leasachadh ùr barrachd luchd-turais nàiseanta is eadar-nàiseanta dhan Ghàidhealtachd agus bheir e seachad goireas àrd-inbhe do mhuinntir na sgìre. Bidh an Caisteal a' cur air adhart 'Spiorad na Gàidhealtachd' ann an 100 sgeulachd agus a' feuchainn ri daoine a bhrosnachadh gus tadhal air sgìrean eile dhen Ghàidhealtachd is na h-Eileanan.

## **6. Comharrachadh Cànan is Cultar na Gàidhlig**

6.1 Tha Buidheann Lìbhrigidh airson a' phròiseict a' faighinn taic bho Bhòrd Pròiseict, air a bheil riochdairean bho phrìomh luchd-ùidhe is chom-pàirtichean, airson comhairle eòlach a thoirt seachad airson am pròiseact a leasachadh. Tha Bòrd na Gàidhlig air a riochdachadh air Bòrd a' Phròiseict.

6.2 Thathar an dùil Buidheann Comhairleachaidh Gàidhlig a stèidheachadh airson a' phròiseict, a' gabhail a-steach buill de Sgioba Pròiseact Caisteal Inbhir Nis cuide ri Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh Gàidhlig agus Oifigear Taic Foghlaim na Comhairle.

6.3 Tha am Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh Gàidhlig mar-thà air taic a thoirt dhan phròiseact tro eadar-theangachadh agus comhairle, agus leanaidh seo air adhart fhad 's a tha am pròiseact ga leasachadh.

6.4 Mar phròiseact le Comhairle na Gàidhealtachd, tha Sgioba Pròiseact Caisteal Inbhir Nis air gabhail ri prionnsapalan Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PnG3), a' toirt taic do na h-amasan a thaobh a bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig is àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' sìor neartachadh ìomhaigh na Gàidhlig is a' brosnachadh deagh ìomhaigh a thaobh cànan is cultar na Gàidhlig.

6.5 Ann a bhith a' lìbhrigeadh a' phròiseict, obraichidh HLH taobh a-staigh phrionnsapalan PnG3, gu h-àraid ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd spèise eadar a' Ghàidhlig agus a' Bheurla.

6.6 A rèir lìbhrigeadh PnG3, tha eileamaidean sònraichte dhen phròiseact buailteach a bhith ag amas air cànan is cultar na Gàidhlig, mar eisimpleir, am moladh gun tèid Gàrradh Gàidhlig a stèidheachadh air Cnoc a' Chaisteil. Thathar an dùil gum bi plantraisean ann le sgeulachdan a tha a' ceangal ri cànan is cultar na Gàidhlig agus a thogas ùidh luchd-tadhail sa phàirt àraid seo dhen dualchas againn.

- 6.7 Bidh a' comharrachadh is ag eadar-mhìneachadh 'Sporad na Gàidhealtachd' ann an 100 Sgeulachd na chuspair bunaiteach, a' brosnachadh dhaoine gus tadhal air àiteachan eile air feadh na Gàidhealtachd. An lùib seo bidh seanchaidh ag innse sgeulachdan taobh a-staigh an togalaich tro mheadhanan didseatach is air-loidhne.
- 6.8 Thèid bun-bheachdan is molaidhean dealbhaidh a bharrachd a leasachadh is a ch-roinn le Buidheann Comhairleachaidh na Gàidhlig fhad 's a bhios obair luchd-dealbhadh an taisbeanaidh a' dol air adhart.


Ainmeachadh: Stiùiriche Caisteal Inbhir Nis agus Tachartasan HLH

Ceann-latha: 6 Sultain 2021

Ùghdar: Fiona Hampton















# Gaelic Alphabet - Planting and Signage



I is for  
Iogh  
Yew



L is for  
Luis  
Rowan



M is for  
Muin  
Blackberry



R is for  
Ruis  
Elder



S is for  
Suil  
Willow



T is for  
Teine  
Holly